

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 17 LÙNASTAL 2016

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar Neach-gairm
	David Campbell	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Donna Smith	Ceannard Siostaman
		Fiosrachaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Posy MacRae	Manaidsear Chonaltraidhean
	Jane Thomas	Ceannard C&CS + Rùnaire
		Coinneimh
	Asif Haseeb	
	Gordon Jackson	Sgrùdadh Alba
	Lucy Carmichael	Riaghaltas na h-Alba
		Riaghaltas na h-Alba
		BBC Alba
		BBD Alba

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach a bha an làthair chun na coinneimh, a' toirt fa-near leisgeulan bhon Choimiseanair Dennis.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Nochd an Coimiseanair MacDhòmhnail com-pàirt ann am Mangarstadh. Thuirt an Coimiseanair MacIllinnein gur dòcha gum biodh com-pàirt aige ri fhoillseachadh ann an seisean nas fhaide air adhart.

3 AITHISG AGUS CUNNTASAN BLIADHNAIL

Chuir Asif Haseeb bho Sgrùdadh Alba an ath nì an aithne, a shireadh aonta a' Bhùird don Aithisg is Cunntasan Bliadhnail. Bha e toilichte a ràdh gun robh an sgrùdadh glan a bha air aithris a-cheana don Chomataidh Sgrùdaidh. Bhiodh an aithisg a-nis air a cur air adhart gun Àrd-Neachd-Sgrùdaidh airson aonta fhoirmeil agus bhiodh i an uair sin deiseil airson a cur air beulaibh na Pàrlamaid.

Mar Iar-Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, Bha an Coimiseanair MacIllinnein airson a thaing a chlàradh gu foirmeil gu Mgr Haseeb airson na thug e de thaic agus comhairle don Chomataidh thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh, oir b' e seo a' choinneamh mu dheireadh aige leis a' bhuidheann. Chaidh seo ath-aithris leis an

Neach-gairm agus an Àrd-Oifigear. Bha an Neach-gairm cuideachd airson a thaing a thoirt do gach neach a bha air a bhith an sàs ann an toirt na h-aithisg gu buil, nì a tha a' riochdachadh pìos mòr obrach.

Dh'aontaich an Coimisean ris an Aithisg is Cunntasan Bliadhnail, a chaidh a shoidhnigeadh leis an Àrd-Oifigear agus Mgr Haseeb.

Dh'fhàg Mgr Haseeb a' choinneamh aig an àm sin.

4 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS 22 ÒGMHIOS 2016

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 22 Ògmhios 2016 gun atharrachaidhean sam bith.

5 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Cha robh Cùisean sam bith ag èirigh às a' choinneamh mu dheireadh.

6 PÀIPEARAN ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

(a) Fianais na Coimhearsnachd Croitearachd

Chaidh gabhail ris a' Phàipear seo air post-d, a thoirt fa-near agus aontachadh.

Co-dhùnadh	Bidh an Coimisean a' coimhead ri dhearbhadh a bheil no nach eil coimhearsnachd croitearachd ann, le bhith a' sgrùdadh fianais airson baile-fearainn san amharc nuair a thathar a' dèanamh measadh air tagraidhean di-chroitidh buntainneach. Tha an Coimisean a' tuigsinn gum faod tagradh di-chroitidh àite a ghabhail airson adhbhar reusanta air fearann eile. Mar sin, bu chòir beachdachadh air na buannachdan no a chaochladh san amharc a thaobh di-chroitidh.
-------------------	--

Dh'iarr an Coimiseanair Caimbeul gum bi na pàipearan a thathar a' toirt chun a' Bhùird airson aontachadh air an cruinneachadh nan goireas fiosrachaidh, oir bhiodh seo na thaic feumail aig àm tighinn gu co-dhùnaidhean. Bheir an luchd-obrach seo air adhart.

(b) Poileasaidh Gleidhidh

Dh'iarr an t-Àrd-Oifigear air Coimiseanairan freagairt nuair a tha pàipearan air an cur a-mach air post-d, oir tha e cudromach beachdan a' Bhùird gu h-iomlan a chruinneachadh agus bha freagairtean air fàs tearc.

Bha an Coimiseanair MacIllinnein air iarraidh deasbad a dhèanamh air a' phàipear seo a thàinig air post-d. Bha e airson na planaichean a shoilleireachadh a thaobh dèiligeadh le faidhlichean sam faodadh fiosrachadh le luach eachdraidheil a bhith. Thug an t-Àrd-Oifigear cinnt don Bhòrd gu bheil an clàr gleidhidh is cur-às a tha air a mholadh sa Phàipear co-cheangailte sa mhòr-chuid ris na faidhlichean pàipeir àbhaisteach agus gum feum riarachadh air leth a bhith air aontachadh leis a' Bhòrd an ceann sreath a thaobh nam faidhlichean cùise eachdraidheil, nach eil air an gabhail a-steach sa Phàipear.

Chaidh am Pàipear aontachadh air a' bhunait seo.

Co-	Dh'aontaich an Coimisean ris a' mholadh a chaidh aontachadh
------------	--

7 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN SAN AMHARC AGUS/NO AIR AM FRITHEALADH

Bha Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill air pàirt a ghabhail ann am film a chaidh a dhèanamh airson pròiseact Transgrass, ann an co-cheangal ri Institiùd Seumas Hutton. Fhritheil e cuideachd coinneamh Comataidh Deimhinneachd Inbhe Ghearanan air co-labhairt fòn. Bha e an dèidh a bhith ann an còmhraidh ri croitearan an Taobh Siar Rois agus Cataibh, a bha air dragh a nochdadh mu dheidhinn às-làthaireachd agus mi-fheum is dearmad air croitean. Tha e mothachail do na cuibhreachaidhean a thaobh ghoireasan ach thog e air an fheum air nas urrainn dhuinn a dhèanamh gus obair Dhleistanasan a chur air a' chlàr-obrach.

Bha an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich air Fèill Cunningsburgh a fhrithealadh agus coinneamh Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Fhritheil an Coimiseanair Pirie Fèill Àiteachais Arcaibh ann an Ciorcabhal.

Fhritheil an Coimiseanair MacIllinnein a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, a' chiad choinneamh de bhuidheann thar-phàrtaidh na pàrlamaid ùir, foillseachadh ceannach Coimhearsnachd na Pàirc, agus bha e airson beachd a thoirt seachad air air a' choinneamh SCF a chaidh a chumail ann an Steòrnabhagh o chionn ghoirid. Bha e tàmailteach nach d' fhuair neach sam bith bho Choimisean cuireadh chun na coinneimh, a fhuair tòrr sgaoilidh bho na meadhanan. A' leantainn air a' choinneamh, nochd croitearan sa choimhearsnachd dragh dha a thaobh cho-dhùnidhean a rinn an Coimisean o chionn ghoirid, co-cheangailte ri comataidhean ionaltraidh.

Bha an Coimiseanair Caimbeul air coinneamh Comataidh Deimhinneachd Inbhe Ghearanan a fhrithealadh air co-labhairt fòn, coinneamh na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus air a bhith aig diofar fhèilltean-reic uan, far an robh daoine cuideachd an sin a' càineadh a' Choimisein, a' leantainn air sgaoileadh mheadhanan o chionn ghoirid.

Fhritheil an Neach-gairm coinneamh Comataidh Deimhinneachd Inbhe Ghearanan air co-labhairt fòn, coinneamh ann an Dùn Èideann, pàrtaidh Gàrraidh na Banrighinn aig Taigh an Ròid agus a' sùileachadh ri Fèill Loch Abair a fhrithealadh. Cha robh e air beachdan breitheach sam bith fhaighinn mun Choimisean bho na croitearan san sgìre aige.

8 CRÌOCHAN AIRSON SUSBAINT AITHISGEAN RPID

Chuir an Ceannard Riaghlaidh am Pàipear an aithne, a' mìneachadh gu bheil e a' nochdadh mar a tha an Coimisean a' conaltradh ri co-obrachaidhean ann an RPID mar a bhios pròiseasan agus modhan-obrach ag atharrachadh.

A' leantainn air cùis àraid, tha tuigse nas fheàrr a-nis aig luchd-obrach riaghlaidh gu bheil sinn cunntachail airson fiosrachadh a tha sinn air a shireadh, mar sin far an do dh'iarr sinn beachdan mar eisimpleir ann an Aithisg Oifis Sgìreil, tha e cudromach gu bheil am fiosrachadh a gheibhear neo-phàirteach agus so-dhearbhach. Ma tha Coimiseanairean mothachail do na draghan aca mu dheidhinn bheachdan san aithisg, bheir an Ceannard Riaghlaidh seo air adhart mar dheuchainn trèanaidh don luchd-obrach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an stiùireadh air a ghabhail a-steach gu cinnteach.

Tha draghan aig RPID mu atharrachaidhean san fhuincsean roinnidh, air an dèan an Ceannard Riaghlaidh tuilleadh rannsachaidh. Ma bhios e riatanach, thig seo air ais chun a' Bhùird.

Thèid an Nòta mu atharrachaidhean air a' phoileasaidh di-chroitidh a sgrìobhadh mar nòta stiùiridh a thaobh modh-obrach do RPID às dèidh coinneamh an latha an-diugh.

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil mothachail do dhraghan mu strì a dh'fhaodadh a bhith eadar com-pàirtean, far a bheil RPID mar uachdaran oighreachdan croitearachd / fearann croite agus bidh sinn ag obair leis an roinn gus feuchainn ri cùisean sam bith a rèiteachadh. Thabhaich a' Bhean-Uas NicIlleMhìcheil cuideachadh le deasbadaan sam bith. Bha an Ceannard Riaghlaidh a' faighneachd am biodh ath-ghairm air a' bhuidheann obrach a bheachdaich air a' phàipear-cùise sa chiad àite, na dhòigh air seo a thoirt air adhart agus chaidh sin aontachadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean susbaint a' Phàipeir agus am modh-obrach airson tuilleadh stiùiridh a thoirt do RPID.
-------------------	---

9 AITHISG COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Ùr-fhiosrachadh bho Choimiseanair MacIlleInnein

Bha an Coimiseanair MacIlleInnein toilichte aithris gu bheil an Coimisean air sgrùdadh glan fhaighinn airson 2015-16. B' e aon de na prìomh phuingeann a chaidh a thoirt air beulaibh a' chomataidh, na deasbadaan air VAT a ghabh àite eadar HMRC agus SG. Tha Nòta air a chur ris an Aithisg is Cunntasan Bliadhnail gus a' phuing seo a chòmhdach. Tha buadhan ionmhasail ann don bhuidheann, agus sin an t-adhbhar gu bheil e cudromach obrachadh le Riaghaltas na h-Alba air an seo, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an cunnart seo ga làimhseachadh.

Dh'aithris an Coimiseanair MacIlleInnein gu bheil a' mhòr-chuid den luchd-obrach air foirm Strì eadar Chom-pàirtean a lionadh, agus mhìnich an t-Àrd-oifigear gun robh seo fada seachad air na thathar a' sùileachadh dhaibh a dhèanamh mar sheirbheisich chatharra agus mar sin tha ise cuideachd fada an comain luchd-obrach a chaidh an sàs san obair seo.

Thug an Coimiseanair MacIlleInnein taing do luchd-obrach airson an cuid obrach a' toirt taic don chomataidh thar na bliadhna a dh'fhalbh, agus airson na tha de dh'obair a' dol air adhart air cùlaibh ghnòthaichean gus a dhèanamh cinnteach gum bi aithisg sgrùdaidh gun mhearachd againn.

(b) Dreach Geàrr-chunntas bho 5 Lùnastal 2016

Bha an dreach Geàrr-chunntas air a' bhòrd agus chaidh aonta a chur riutha. Bha trì buill den chomataidh an làthair, a bha air a' choinneamh a fhrithealadh. Ghabh na trì Coimiseanairean eile ris a' Gheàrr-chunntas.

(c) Clàr Cunnairt

Bheachdaich na Coimiseanairean air a' Chlàr Cunnairt a bha air ath-sgrùdadh leis an Àrd-sgioba Stiùiridh ron deasbad leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil cunnartan làithreach air an gabhail a-steach. Tharraing an t-Àrd-Oifigear aire gu uallach-obrach a bha a' sior fhàs, a tha a' meudachadh cuideam air luchd-obrach agus cuideachd a' toirt buaidh air cunnart a thaobh nam beachdan air a' Choimisean bhon taobh a-muigh. Tha an cuideam mòr a tha air adhbhrachadh le cùisean a thaobh cliù, agus dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIlleInnein don Bhòrd a bheil iad riarachta gum bi an t-Àrd-Oifigear a' sireadh cuideachaidh san raon seo. Chaidh seo aontachadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean susbaint a' Chlàir Cunnairt agus thugadh ùghdarras don Àrd-Oifigear cuideachadh a shireadh gus ceadachadh don bhuidheann cùisean cliù làithreach a làimhseachadh.
-------------------	---

(d) Prìomh Chomharran Coileanaidh

Chuir Ceannard Siostaman Fiosrachaidh an aithne na clàran a tha a' nochdadh dà thargaid aig Òmar. Mhìnich i nach robh iad sin nan dragh sònraichte an-dràsta agus gu bheil comharran deimhinneach ann a thaobh amannan cinn-sguir. Mhìnich i gun deach suirbhidh riarachais luchd-obrach a choileanadh agus gum biodh targaid air a leasachadh a bhathar an dòchas a chuireadh feabhas air an toradh, mar phàirt den Phlana-obrach Chorporra.

Tha na staitistigean a' taisbeanadh gu bheil meudachadh air a bhith ann an tagraidhean thar na ràithe, gu h-àraid a thaobh gluasadan còir fearainn, a dh'fhaodadh a bhith mar thoradh ann am pàirt air Cunntas 2015. Tha Ceistean Coitcheann agus tagraidhean di-chroitidh air meudachadh cuideachd. A thuilleadh air freagairt don Chunntas, dh'fhaodadh seo a bhith mar thoradh air ìomhaigh àrdaichte air na meadhanan sòisealta, a thaobh leantainneachd mar eisimpleir. Ged a tha seo deimhinneach, ann a bhith a' nochdadh miann a' Choimisein gu croitearan fhaicinn a' fèin-riaghladh, tha am meudachadh a' taisbeanadh gu bheil planadh air adhart a dhith mus sgaoilear Cunntas 2016.

Rinn Coimiseanairean deasbad air an obair a tha Ceannard Siostaman Fiosrachaidh a' crìochnachadh gus cosgaisean aonaid a dhearbhadh, a tha a' solarachadh a' Choimisein le fianais air a bheil làn-fheum airson a thoirt gu Riaghaltas na h-Alba a thaobh feumalachdan ghoireasan a' Choimisein san àm ri teachd. Mhol a' Bhean-Uas NicIlleMhìcheil gum faodadh seo a bhith mar phàirt den deasbad leis an Rùnaire Caibineit air 21 Sultain.

10 ÙR-FHIOSRACHADH COMATAIDH DEIMHINNEACHD INBHE GHEARANAN

Ùr-fhiosrachadh bhon Chathraiche

Mhìnich Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill, a rèir nan Cumhachan Iomraidh don chomataidh, gu bheil a' Chathair ga toirt dhàsan airson coinneamhan ged a bhiodh an Neach-gairm an làthair.

Tharraing e aire a' Choimisein gu an nòta air Pàighidhean Saor-thoileach, a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd sa Chèitean agus a bha a-nis mar phàirt de Mhodh-obrach Làimhseachadh Ghearanan. Tha ath-thagradh ann an aghaidh làimhseachadh a' Choimisein air gearan le SPSO agus bidh toradh seo air a chur air adhart chun a' Bhùird aon uair 's gu bheil fios air. Bha e math aithris nach robh gearanan sam bith aig Ìre 2 ann C1 de 2016-17. Dhaingnich an t-Iar-Neach-gairm gu bheil obair na comataidh a-nis cuimsichte air ionnsachadh bho na gearanan agus gu bheil an clàr Leasanan Ionnsaichte air a roinn le luchd-obrach agus ri fhaotainn leis a' phoball air an làraich-lìn.

(a) Dreach Geàrr-chunntas bho 27 Iuchar 2016

Chaidh aonta a chur ris an dreach Geàrr-chunntas agus thug an Neach-gairm taing do gach neach a bha an sàs airson an oidhirpean san raon seo, a bha a' taisbeanadh adhartas sàr-mhath.

11 COMATAIDHEAN IONALTRAIDH – MODH-OBACH DHÈANADACH

Bha dreach Stiùireadh Ath-obraichte air a' bhòrd. Chuir an t-Àrd-Oifigear an nì an aithne, a' mìneachadh nach b' urrainn a bhith ann ach iùl do dheagh chleachdadh oir tha an Achd sàmhach gu ìre mhòr san sgìre seo. Mar sin, faodaidh an Coimisean pròiseasan a mholadh ach chan urrainnear an cur an gnìomh. Leis na diofaran sgèile agus gnìomhachd ann an ionaltraidhean tarsainn nan sgìrean croitearachd, is e dùbhlán a th' ann seat de stiùiridhean a chur ri chèile a bhios a' còmhdach gach suidheachadh. Tha e cudromach gun chus a ghabhail a-steach sna Riaghailtean fhèin no bidh iad ro neo-shùbailte agus òrdachail. Chaidh gabhail ris a' phrionnsapal an Teamlaid Riaghailtean a chumail cho sìmplidh 's a ghabhas.

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil aig a' Choimisean ris na tha comataidhean air a ghabhail a-steach sna Riaghailtean aca, a riaghladh aon uair 's gu bheil iad air an aontachadh.

Bha Coimiseanairean airson deasbaidhean le prìomh chom-pàirtichean fhaicinn cho luath 's a ghabhas gus aontachadh ri Stiùireadh do na comataidhean ionaltraidh, agus an dèidh tuilleadh deasbaid mun teanntachd eadar na tha an Achd ag ràdh san sgìre seo agus na diofar shuidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith an làthair ann am measgachadh de chomataidhean, chaidh aontachadh gum biodh a' chiad chuimse airson coinneamh chom-pàirtichean air stiùireadh, air a ghearradh air ais gu na tha an Achd ag ràdh. Tha seo ga chumail a rèir na dòigh a tha an Coimisean air dèiligeadh ri gnòthaichean riaghlaidh eile, a' toirt chùisean air ais gu na nithean bunaiteach. Air an làimh eile, is e an cunnart gun gabh comataidhean ri nì sam bith san Stiùireadh mar chuireadh gu gach nì a ghabhail a-steach sna riaghailtean aca.

Chaidh aontachadh gun cuireadh an Coimisean Buidheann Chom-pàirtichean air bhonn le amas air am buidheann a chur an sàs ann an cuideachadh le seat de stiùiridhean a chur ri chèile bhon phuing tòiseachaidh seo. Dh'aontaich an Coimisean gun robh e cudromach guthan anns a' bhuidheann a ghabhail a-steach a tha air a bhith breitheach mu ghnìomhan o chionn ghoirid, gus cuideachadh le co-aontachd a thogail ann a bhith a' gluasad air adhart.

Chaidh aontachadh am Pàipear iomlan ath-dhreachadh mar thoradh air an deasbad seo agus feuchainn ri coinneamh bheag chom-pàirtichean a chur air dòigh mar chiad cheum, nan gabhadh e a dhèanamh ron choinneamh leis a' Mhinistear air 21 Sultain agus ro thadhal a' Bhùird ann am Brùra. Bu chòir do 2-3 Choimiseanairean, 2 Mheasadair, riochdaire bhon SCF agus NFUS a bhith sa bhuidheann, agus daoine fa leth eile a chur an sàs mar a bhios iomchaidh.

(Dh'fhàg buill nam meadhanan às dèidh an nì seo).

Co-dhùnadh	Dh'ùghdarraich an Coimisean buidheann chom-pàirtichean a chur air bhonn cho luath 's a ghabhas, gus beachdachadh air stiùireadh dèanadach ath-dhreachadh do chomataidhean ionaltraidh.
-------------------	---

12 MAPADH CHOM-PÀIRTICHEAN

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear dè bha am Mapa Chom-pàirtichean a riochdachadh. Chaidh aontachadh gum bu chòir Fearann Coimhearsnachd Alba a chur ris agus gum bu chòir NFUS nochdadh ri taobh SCF.

13 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

28 Sultain 2016 – Taigh-òsta Royal Marine ann am Brùra.

14 GISBE

Cha robh gnothaich iomchaidh sam bith eile ann.

15 ÀS-DÙNADH NAM MEADHANAN 'S AM POBALL

Thug an Neach-gairm a' choinneamh gu crìch aig 14:30.